

## EÀRR-RÀDH 2

### Co-chomhairleachadh air an dreachd Plana Gàidhlig againn

#### Cùl-fhiosrachadh

Dh'aithris Cunntas-sluaigh 2011 gun robh a' Ghàidhlig aig 0.37% de shluagh Siorrachd Aonghais. Seo mu 429 luchd-labhairt na Gàidhlig anns an sgìre, anns a bheil slugh iomlan de thimcheall air 116,000.

Chaidh an dreachd Plana Gàidhlig aig Comhairle Aonghais airson 2019-2024 aontachadh le Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan na Comhairle air 4 Ògmhios 2019. Chaidh a dheasbad gu farsaing san t-seòmar roimhe, agus bha teachdairean an làthair gus taisbeanadh a thoirt seachad a thaobh draghan nan comhairlichean. Aig a' cheann thall, ge-tà, fhuair an dreach Plana aonta aona-ghuthach.

Chaidh Gàidhlig a chur air an dreachd Plana Gàidhlig agus ruith an obair cho-chomhairleachaidh reachdail bho 22 Iuchar – 5 Sultain 2019.

#### Sgaoileadh

Chaidh an dreachd Plana Gàidhlig a sgaoileadh sna dòighean a leanas:

- Nochd e air duilleag Facebook na comhairle.
- Nochd e air duilleag cho-chomhairleachaidh na comhairle air an làraich-lìn, 'Have your Say' fad nan 6 seachdainean de cho-chomhairle.
- Chaidh a chur dhan aonad FtG ann am bun-sgoil Whitehills gus an toireadh na pàrantan agus luchd-obrach am beachdan seachad air.
- Chaidh a chur gu Bòrd na Gàidhlig tron phost-d airson sgaoileadh dhan luchd-aithne aca.
- Chaidh a chur dhan bhuidhinn Ghàidhlig Roinneil aig na comhairlean ionadail.
- Nochd e air eadra-lìon na comhairle gus am b' urrainn luchd-obrach beachdan a thoirt seachad air.

#### Freagairtean

Gu h-ìosal, chithear clàr leis na freagairtean air an duilleig Facebook againn, a chunnaic 8,773 neach, agus thog seo fhèin mothachadh dhan Ghàidhlig. Bha cha mhòr an aon àireamh de bheachdan taiceil is mì-thaiceil ann. Bha a' mhòr-chuid de na beachdan mì-thaiceil co-cheangailte ri draghan mun chosgais, agus mun bheachd nach robhar a' bruidhinn na Gàidhlig ann an Aonghas riamh. B' e iad na

beachdan taiceil nach eil an dreachd Plana a' dol fada gu leòr, chuir daoine fàilte air na bha a' chomhairle a' feuchainn ri dhèanamh, chaidh fiosrachadh a thoirt seachad gun robh ionnsachadh inbheach ri fhaighinn ann am Blàr Ghobhraidh, a dh'fhaodadh daoine ann an Aonghas a chleachdadh, agus chaidh cuid de na beachdan eadar daoine a phostadh sa Ghàidhlig. Mar sin, bha ruigsinn nam meadhanan sòisealta fìor mhath.

Performance for your post		
<b>8,773</b> People Reached		
<b>301</b> Reactions, comments & shares <i>i</i>		
<b>89</b> Like	<b>44</b> On post	<b>45</b> On shares
<b>16</b> Love	<b>14</b> On post	<b>2</b> On shares
<b>1</b> Haha	<b>0</b> On post	<b>1</b> On shares
<b>1</b> Wow	<b>1</b> On post	<b>0</b> On shares
<b>3</b> Angry	<b>3</b> On post	<b>0</b> On shares
<b>172</b> Comments	<b>125</b> On Post	<b>47</b> On Shares
<b>19</b> Shares	<b>18</b> On Post	<b>1</b> On Shares
<b>2,258</b> Post Clicks		
<b>49</b> Photo views	<b>47</b> Link clicks <i>i</i>	<b>2,162</b> Other Clicks <i>i</i>

Bha aon fhreagairt bho bhun-sgoil Whitehills, a shoilleirich nach eil Gàidhlig ri faighinn ann an Whitehills airson sgoilearan àrd-sgoile gach seachdain, ach gu saor-thoileach airson eadar-obrachadh le sgoilearan nas òige feasgar Dihaoine. Gu ruige seo, chan eil sgoilearan na h-àrd-sgoile air leantainn air adhart le seo.

Tha aithris ann cuideachd gu bheil an tidsear a' stiùireadh cothrom ionnsachaidh gach teirm airson pàrantan agus solaraichean ro-sgoile, ach chan eil seo a' dol air adhart aig an àm seo.

Cha robh freagairt sam bith ann bho luchd-obrach eile no bho bhuill den bhuidhinn Ghàidhlig Roinneil.

Bha freagairt bho aon de na buill thaghte againn.

Bha còig freagairtean puist-d chun na co-chomhairle, ach cha robh fios càite am faca na luchd-freagairt an dreachd Plana. Bha freagairtean an dà chuid fàbharach agus mì-fhàbharach. B' iad seo na prìomh phuingeannan:

Faireachdainn gun robhar a' dèanamh droch fheum de dh'airgead poblach; nach tuigeadh ach glè bheag de dhaoine soidhnichean Gàidhlig; gum bu toil leotha barrachd mothachaidh a bhith aca air an aonad Gàidhlig ann am Bun-sgoil Whitehills; agus gum bu chòir na cànanan a thathar a' teagasg a bhith feumail do chloinn san àm ri teachd, leithid Mandarin agus Fraingis.

Faireachdainnean taingeil gu bheil a' chomhairle a' dèanamh oidhirpean gus ìomhaigh na Gàidhlig àrdachadh san sgìre; toileachas gu bheil a' chomhairle a' toirt taic do leasachadh a' chànain, agus molaidhean de rudan a bharrachd a dh'fhaodadh a' chomhairle dèanamh m.e. ag atharrachadh ainm oifigeil na Comhairle gu "Comhairle Aonghas", ag ath-ainmeachadh dreuchd "Councillor" sa Bheurla gu Comhairliche, agus gum bu chòir a h-uile soidhne ùr airson bailtean a bhith dà chànanach le Gàidhlig an toiseach.

### **Freagairt na Comhairle**

Chaidh na freagairtean dhan cho-chomhairle a dheasbad aig a' bhuidhinn Ghàidhlig taobh a-staigh na comhairle air 4 Sultain 2019. Bha aonta ann nach gabhadh a' chomhairle no dreuchdan buill thaghte ath-ainmeachadh.

Chaidh aontachadh cuideachd ged a tha a' chomhairle fhathast àrd-amasach airson leasachadh na Gàidhlig ann an Aonghas, a' leantainn stiùireadh Bhòrd na Gàidhlig ann a bhith a' toirt aithne cho-ionann dhan Bheurla agus dhan Ghàidhlig air soidhnichean, tha an cleachdadh de Ghàidhlig a bhith a' nochdadh an toiseach air soidhnichean ann an àiteachan far a bheil àireamhan nas motha de luchd-labhairt Gàidhlig ann an sgìre, mar sin tha soidhnichean rathaid a' toirt prìomhachas dhan Ghàidhlig ann an ceann a tuath/taobh an iar na h-Alba. Cha bhiodh e iomchaidh san sgìre seo.

A thaobh ainmean Gàidhlig a bhith air togalaichean, tachraidh seo nuair a thèid soidhnichean ùrachadh/nuair a thèid soidhnichean ùra suas air togalaichean ùra. Bhiodh cleachdadh an tionndaidh Ghàidhlig an àite an tionndaidh Beurla an urra ris na daoine a bha gan cleachdadh.